



Fèisean nan Gàidheal

A' toirt ar dualchais do ar n-òigridh

Coinneamh a' Bhùird-Stiùiridh

**Taigh-Òsta Holiday Inn
Port-adhair Ghlaschu**

Diluain 26 Gearran 2007

Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d fios@feisean.org
www.feisean.org

Fèisean nan Gàidheal

Coinneamh a' Bhùird-stiùiridh gu bhith air a cumail ann an Taigh-Òsta Holiday Inn, Port-adhair Ghlaschu bho 1.30f, Diluain 26 Gearran 2007.

Clàr Ghnothaich

1.2007.01 GNOTHACHAN TÒISEACHAIL

(a) **An Làthair**

(b) **Leisgeulan**

(c) **Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh**

Tha geàrr-chunntas na coinneimh a chaidh a cumail 7 Dùbhlachd 2006 air a chuirteachadh, agus thathar ag iarraidh air buill gabhail ris mar chunntas ceart den choinneimh

(d) **Gnothaichean ag èirigh**

Tha cothrom aig buill a' Bhùird gnothach sam bith nach eil air a' chlàr gnothaich a thogail

(e) **Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den Bhuidhne-Ghniomh**

Tha geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh den bhuidhne-ghniomh a chaidh a chumail air 12 Gearran air a chuirteachadh mar fhiosrachaidh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd co-cheangailte ris.

1.2007.02 GNOTHACHAN LEASACHAIDH

(a) **Adhartas a-rèir Phlana-Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10**

Tha geàrr-iomradh an cois seo a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phlana Leasachaidh againn. Faodar puing sam bith a thogail airta tha sgrìobhte anns a' gheàrr-iomradh.

(b) **Cuirmean Ceòl nam Fèis mar phàirt de Gàidhealtachd 2007**

Tha Daibhidh Boag air paipear a chur ri chèile a' mìneachadh na pròiseact seo, a bha aig aon àm a hur an dara taobh air sgath dith airgid. Thathar ag iarraidh air Buill a' Bhùird taic a thoirt dha na planaichean seo.

(c) **Taic airson Fèisean taobh a-muigh sgìre nan Eilean Siar, a' Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal agus Bòid**

Airson greis mhath tha sinn air a bhith a' beachdachadh air an dòigh as fhearr taic a chumail ri Fèisean a tha taobh a-muigh sgìrean far a bheil comhairlean ionadail air a bhith a' toirt dhuinn bho thus. Tha an stiùiriche air aithisg a chur timcheall airson còmhradh.

(d) **Làrach-lìn ùr Fhèisean nan Gàidheal**

Bidh cuimhne aig Buill gu bheil sinn a' dèanamh ath-nuachadh air ar làrach-lìn Bidh taisbeanadh ghoirid ann airson sealltainn do Bhuill an ìre aig a bheil an dealbhachadh agus cò ris a bhios an larch ùr coltach.

1.2007.03 GNOTHACHAN IONMHAIS

(a) **Aithisg Ionmhais**

Tha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 31 Faoilleach 2007. Cuideachd tha liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2006-07 mar fhiosrachaidh. Faodar ceist sam bith fhaighneachd.

(b) **Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire**

Bidh fiosrachadh aig a' choinneimh fhèin.

(c) Cunntasan Ràitheil gu 31 Dùbhlachd 2006

Tha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson nam mìosan eadar 1 Iuchar agus 30 Sultain 2006, agus tha iad air an cuairteachadh mar fhiosrachaidh. Thathar an dòchas gun gabhadh buill a' Bhùird ris na cunntasan.

1.2007.04 GNOTHÀICHEAN POILEASÀIDH

(a) Atharrachaidhean anns an t-siostam taghaidh airson luchd-stiùiridh

Chaidh uireasbhaidhean a' comharrachadh anns an dòigh anns a bheil sinn a' taghadh Buill a' Bhùird anns an taghadh a chaidh a chumail anns na h-Eileanan an Iar o chionn greis. Tha aithisg ghoird air cuairteachadh leis an stiùiriche le molaidhean airson gnòthaichean a chur ceart. Thathar ag iarraidh air buill a' Bhùird seo a dheasbad agus aonta a ruighinn air an dòigh air adhart.

(b) Blas Festival Ltd

B' fheadar dhuinn companaidh ùr a steidheachadh – Blas Festival Ltd – a bhios clàraichte airson VAT agus a bhios a' ruith na feise. Feumaidh Fèisean nan Gàidheal stiùirichean a chur air adhart airson a' Bhùird ùr, agus tha aithisg ghoird ann bhon stiùiriche airson deasbad agus aonta.

1.2007.05 GNOTHÀICHEAN OBRACHAIDH

(a) Aithisgean Luchd-Obrach ~ Staff Progress Reports

Tha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh. Faodar Buill a' Bhùird ceistean sam bith a thogail agus puing sam bith a dheasbad.

(b) Co-labhairt agus Coinneamh-Bhliadhna 2007

Tha Fèis Spè air cuireadh a thoirt dhuinn ar coinneamh-bhliadhna agus co-labhairt a chumail anns an sgìre aca-san an ath bhliadhna. Bheir Anne Willoughby iomradh air na cosgaisean a tha air tighinn a-steach bho àiteachan a dh' fhaodadh a bhith freagarrach airson na co-labhairt a chumail.

(c) Taghadh Luchd-Stiùiridh

Tha aithisg ghoird ann bhon Stiùiriche a' mìneachadh mar a chaidh dhuinn le buill ùr a' Bhùird fhastadh bho na h-Eileanan an Iar.

1.2007.06 EILE

(a) Coinneamh nam buidhne-ghnìomh

Chaidh na pàipearan air fad bho choinneamh nam buidhne-ghnìomh an cuairteachadh air post-d a-mhàin. Faodar ceist neo beachd sam bith a thogail mun deidhinn.

(b) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Thèid an ath choinneimh a cumail ann am Barraigh air 29 Cèitean.

Fèisean nan Gàidheal

Geàrr-Chunntas na coinneimh a chaidh a chumail ann an Taigh Òsta na Lùchairt, Inbhir Nis,
Diardaoin 7 Dùbhlachd 2007 bho 2.00f

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2007.01(c)

4.2006.01 GNOTHAICHEAN TÒISEACHAIL

(a) An Làthair

Ceitidh Àdhamh (Cathraiche), Peigi NicNeacail (Iar-cathraiche), Alasdair Dòmhnallach, Seasaidh Newton, Sìne NicNèill, Seòras Stoddart, Micheal Sweeney, Ealasaid Nic Ille Bhàin, Alasdair MacLeòid (Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean), Art MacCarraig (Frithealadh), Daibhidh Boag (Frithealadh), Iona NicDhòmhnail (Frithealadh), Calum Ailig MacMhaolain (Frithealadh – eadar-theangachadh)

(b) Leisgeulan

Anna Willoughby, Morag Anna NicLeòid (Comhairle na Gàidhealtachd) Iain Mac a' Ghobhainn (Comhairle Ealain na h-Alba)

(c) Fàilte air buill ùr a' Bhùird agus taghadh oifigearan a' Bhùird airson 2006-07

Chaidh fàilte a chur air Ealasaid Nic Ille Bhàin agus Micheal Sweeney.

Air sgàth 's gum b'è seo a' chiad choinneimh as dèidh taghadh de bhuill na bùird ùra, bha aig a' bhùird taghadh a chumail bho am measg fhèin, neo co-thaghte airson Cathraiche, Rùnaire, agus Ionmhasair.

- Chaidh Ceitidh Àdhamh a thaghadh mar Cathraiche, air a cur air adhart le Peigi NicNeacail, agus air aontachadh le Alasdair Dòmhnallach.
- Chaidh Seòras Stoddart a thaghadh mar Rùnaire/Ionmhasair, air a chur air adhart le Peigi NicNeacail, agus air aontachadh le Seasaidh Newton.
- Chaidh Peigi NicNeacail a thaghadh mar Iar-cathraiche, air a cur air adhart le Ceitidh Àdhamh, agus air aontachadh le Seòras Stoddart.

(d) Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

Chaidh geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh a chaidh a chumail air 15 An t-Sultain 2006 a chur timcheall a' Bhùird. Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas.

(d) Gnothaichean ag èirigh

Mhol am Buidheann Gnìomh stad a cuir air Crannchur nam Fèisean agus dh'aontaich am Bòrd ris a seo.

(e) Geàrr-chunntas coinneamh nam Buidhne-Ghniomh

Chaidh geàrr-chunntas de choinneimh nam Buidhne Ghniomh mu dheireadh a chaidh a chumail air Diciadain 15 An t-Samhain 2006, a sgaoileadh air buill a' Bhùird. Chaidh gabhail ris a' gheàrr-chunntas.

4.2006.02 GNOTHAICHEAN LEASACHAIDH

(a) Adhartas a-rèir Phlana-Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10

Thug Art MacCarraig iomradh air adhartas a-rèir Phlana-Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10. Ghabh na buill ris an fhiosrachaidh.

(b) Fiosrachadh as ùire mu Phrògam Trèanaidh

Thug an t-Oifigear Leasachaidh Trèanaidh, Iona NicDhòmhnail, seachad taisbeanadh do Bhuill a' bhùird air mar a bha a' dol leis a' Phrògam Trèanaidh, agus gu h-àraidh na molaidhean a th' ann airson Fèis Thrèanaidh, a tha gu bhith air a cumail ann an Inbhir Nis anns air 3/4 Ghearran 2007. Bha Seasaidh Newton a faighneachd dè bha seo a' cosg do na Fèisean. Thubhairt Iona gu robh i gu bhith saor an asgaidh airson Fèisean agus bha i an dòchas gum bitheadh dithis ann bho gach Fhèis. Bha trèanadh airson luchd-teagaisg gu bhith a' dol air adhart an ath dheireadh sheachdain. Bha an cùrsa inntigridh air a bhith soirbheachail agus bha còignear a gabhail pàirt ann.

4.2006.02 GNOTHAICHEAN IONMHAIS

(a) Aithisg Ionmhais

Bha aithisg air a cuairteachadh le teachd a-steach agus teachd a-mach Fèisean nan Gàidheal gu 31 Dàmhair 2006. Cuideachd bha liosta de na tabhartasan a tha air gealltainn dha na Fèisean airson 2006-07 mar fhiosrachaidh. Dh'fhaighneachd Seòrsa Stoddart carson a bha suimean anns a' bhanca air a dhol sìos cho luath. Bha tòrr airgid air a dol a mach air Blas, YMI agus a' coinneimh bhliadhnail againn. Bha suim airgid gu math mòr ri tighinn a-steach bho Iomairt na Gàidhealtachd.

(b) Suimean airgid anns a' bhanca agus fiosrachadh as ùire

Bha na suimean a leanas againn anns a' bhanca:

- Cunntas làitheil: £1681.62
- Cunntas le riadh: £23,369.87
- Cunntas 1 le riadh aig àrd-ìre: £100,943.00
- Cunntas 2 le riadh aig àrd-ìre: £26,347.00

(c) Cunntasan Ràitheil gu 30 Sultaine 2006

Bha MacNeacail agus Co air cunntasan ullachadh airson nam mìosan eadar 1 Iuchar agus 30 Sultain 2006, agus bha iad air an cuairteachadh mar fhiosrachaidh. Gabh buill a' Bhùird ris na cunntasan.

(d) Ionmhas bho Chomhairle Ealain na h-Alba bho 2007 air adhart – ùr fhiosrachaidh

Chaidh coinneamh a chumail le Comhairle Ealain na h-Alba, far an robh an Stiùiriche an làthair, còmhla ri Coinneach Houston, a bha a' riochdachadh a' Bhùird. Bha geàrr-chunntas bhon choinneimh, agus fiosrachadh a bharrachd a chaidh ullachadh an dèidh làimh leis an Stiùiriche air cuairteachadh. Thug Ceitidh Àdhamh taing dhan Stiùiriche airson na rinn e a thaobh seo.

(e) Ionmhas bho Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean 2006-09

Bha Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean air gealltanais airgid aontachadh dhuinn airson nam bliadhnaichean 2006 gu 2009. Bha aithisg ghoirid bhon Stiùiriche air a cuairteachadh a' mìneachadh am maoin a tha ri fhaotainn, agus na cunnraidhean a bha na cois. Bha na Fèisean toilichte gu leòr mu deidhinn na cunnraidhean a bha cois seo. Bha taing air toirt dhan Stiùiriche agus do dh'Alasdair MacLeod airson na rinn iad.

(f) Stòras Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal bho 2007 air adhart

Air sgath cunnradh an cois na h-airgid bho InG, a' cur casg air Fèisean iarrtasan airgid a chur dha na companaidhean iomairt aca, bha moladh ann mu atharrachaidhean dhan Stòras Leasachaidh againn, airson comas a thoirt dhuinn taic a thoirt do phròiseactan bho na Fèisean. Bha ar Manaidsear Leasachaidh, Daibhidh Boag, air aithisg ullachadh airson deasbaid, agus chaidh aontachadh le na molaidhean a bha innte.

4.2006.04 GNOTHAICHEAN POILEASaidh

(a) Sgrùdadh air tuarastal

Chaidh còmhradh a chumail mun aithisg aig Anne Barke aig a' choinneimh mu dheireadh, agus bhon uair sin, bha am buidheann ghnìomh air beachdachadh oirre. Bha an aithisg air cuairteachadh aig a' choinneimh a-rithist le moladh gun tèid na molaidhean a bh' innte an cur an gnìomh air fad.

Dh'fhàg an luchd-obrach fhad 'sa bha na buill a' beachdachadh air na molaidhean.

Bha buill a' Bhùird toilichte seo a chur an gnìomh agus bha an cathraiche airson taing a thoirt don luchd-obrach air fad às leth buill a' Bhùird.

(b) Suaicheantas Fèisean nan Gàidheal

Mar phàirt den obrach a tha Pelican Design an-sàs ann co-cheangailte ris a' làrach-lìn ùr againn, bha iad air beachdan a thoirt seachad air suaicheantas Fèisean nan Gàidheal, agus molaidhean airson suaicheantas ùr.

Bha taisbeanadh ann don Bhòrd mun seo ach cha robh co-dhùnadh air a ruighinn aig a' choinneimh fhèin.

4.2006.05 GNOTHAICHEAN OBRACHAIDH

(a) Aithisgean Luchd-Obrach ~ Staff Progress Reports

Bha aithisgean bhon luchd-obrach air an cuairteachadh. Bha deasbad aig a' choinneamh mu dheidhinn cho soirbheachail agus a bha Cèilidhean air Cuairt agus cuideachd mu dheidhinn Blas.

Bha Blas gu bhith air a cur air dòigh tro chompanaidh fa leth agus bha feum air Bhòrd-stiùiridh a cuir ri chèile. Chaidh aontachadh gum bu chòir pàipear a thaobh seo a bhith aig an ath choinneimh.

(b) Co-labhairt agus Coinneamh-Bhliadhnail 2007

Bha Fèis Spè air cuireadh a thoirt dhuinn ar coinneamh-bhliadhnail agus co-labhairt a chumail anns an sgìre aca-san an ath bhliadhna. Bha buill a' Bhùird toilichte mu dheidhinn seo agus bha iad ag iarraidh gun tigeadh an luchd-obrach air ais le cosgaisean aig an ath choinneimh.

(d) Taghadh Luchd-Stiùiridh

Bha Laura Green air a tagadh bhon Ghàidhealtachd agus bha bhòt gu bhith anns na h-Eileanan an Iar eadar Tomaidh Dòmhnallach agus Peigi NicIllFhinnein.

4.2006.06 EILE

(a) Gnothach iomchaidh sam bith eile

Bha aig Seòras Stoddart, Mìcheal Sweeney, Ealasaid Nic Ille Bhàin, ri foirm 288a a lìonadh a staigh.

(b) Coinneamh nam buidhne-ghnìomh

Chaidh na pàipearan air fad bho choinneamh nam buidhne-ghnìomh an cuairteachadh air post-d a-mhàin. Cha do thog duine ceist sam bith.

(c) Ceann-latha na h-ath choinneimh

Bhathar ag iarraidh air buill ceann-latha nan coinneamhan a chur air dòigh airson 2007. Bha na làithean a leanas air an taghadh:

- 26 Gearran ann an Glaschu
- 28/29 Cèitean ann am Bàrraigh
- 14 Sultain anns an Aghaidh Mhòr
- 3 Dùbhlachd ann an Inbhir Nis

Fèisean nan Gàidheal

Minutes of the meeting of the Executive Group held in Cluanie Inn, Cluanie Monday 12 February from 1.30pm

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2007.01(e)

EX1.2007.01 PRELIMINARIES

(a) Present

Katie Adam (Fèis a' Bhaile, Chair), George Stoddart (Fèis 'sa Mheadhan, Secretary/Treasurer), Peggy Nicolson (Fèis an Earraich, Vice-Chair), Arthur Cormack (Fèisean nan Gàidheal Director), David Boag (Fèisean nan Gàidheal Development Manager), Anne Willoughby (Fèisean nan Gàidheal Finance & Administration Officer)

(b) Apologies

Morag Anna MacLeod (The Highland Council), Ian Smith (Scottish Arts Council), Alasdair MacLeod (Highlands & Islands Enterprise)

(c) Minutes of previous Executive Group meeting for approval

The minutes were approved as a true record.

(d) Matters arising

It was noted that Fèisean nan Gàidheal had won Community Project of the Year at the Traditional Music awards held in Fort William.

EX1.2007.02 PROJECT UPDATES

(a) 25 years celebratory book (verbal)

Sales for the book were slow but it was still to be advertised among distributors and other outlets. Highlander Music were still selling them. The Director was going to work on this and hopefully get sales to increase over the coming months. He reported that we do not have the capability of selling them online until we have our own website.

(b) Gaelic Developments/Meanbh-Chuileag/Gaelic Drama (verbal)

David Boag reported that Douglas Beck and Deirdre Graham were touring around 40 schools just now with a new play focused on citizenship. This was going well and good feedback had been received from the schools. Calum Alex Macmillan was currently attending Feis Dhùn Èideann and moving on to Fèis Obar Dheathain at the weekend. The training day in Perth for Sgioba-G had been successful but most of the attendees were students and it was difficult to get students out of the universities when required.

Douglas Beck was running a Gaelic Drama project in Stornoway along with Christina Morrison.

Funding had been made available by Bòrd na Gàidhlig for laptops for the Sgioba-G team and these had now been ordered. David had sent an application to Bòrd na Gàidhlig for a wider range of projects and was waiting to hear the outcome in the next few weeks. The Director thanked David for his hard work and especially for submitting the application in Gaelic and complying with our Gaelic policy.

George Stoddart suggested that Ruairidh MacDonald may be worth contacting regarding Gaelic Drama summer schools.

(c) Training Programme (verbal)

The Director reported that Iona organised a training fair on 03/04 February, which had been very successful. Katie mentioned that no-one had attended from the Western Isles but another event was planned for the Western Isles. Sgoil Lionacleit was suggested as a possible venue.

The Tutor Training weekend at Sabhal Mòr Ostaig was full.

(d) YMI contracts (verbal)

The Director reported that there was a danger of an over-spend on the YMI budget in Highland but this was being monitored carefully. The providers had been asked to reduce costs where appropriate. There had been an over-spend from the previous year carried forward and we had the choice to over-commit again this year or stopping before this happened.

However, since there was no service level agreement from Highland Council, it was noted that we could not be sure of next year's funding being in place and it was decided that an over-spend should be avoided.

It was noted that Allison Watson had replaced Chris Rasdale at Fèis Rois.

(e) Blas Festival Progress Report (circulated)

The report to Highland Council was circulated for information. Tickets were now on sale and the new website was launched. The Booth page on the website was not working quite as well as it should yet, and the Gaelic side was still to be completed. The programme had been completed earlier for Highland 2007.

(f) Lochabair Fèisean (verbal)

The Director reported that as Ingrid Henderson was expecting a baby, she was to be replaced temporarily by Fiona Ironside. Fiona had been offered a 6-month contract, which would be renewed month by month thereafter until Ingrid's intentions are known.

(g) Website Development (verbal)

The website was to be ready in a month's time. Priority had been given to Blas and Pelican Design had worked on that part of the website first.

EX1.2007.03 STAFFING ISSUES

(a) Staff contracts and salary review (verbal)

The contracts had been issued to all staff and a couple of things had to be changed in the job descriptions but everyone seemed happy enough.

(b) Lochaber Fèisean Development Officer maternity cover (verbal)

This had been covered under EX1.2007.02(f) above.

EX1.2007.04 FINANCIAL ISSUES

(a) Financial Report (circulated)

A report from the Finance Officer had been circulated. A brief funding update was given for all projects but some of the items were covered elsewhere in the agenda under project updates. It was reported that a considerable amount of money was expected to come in before the end of March.

(b) Bank Balances and up to date information (verbal)

The current bank balances were given as follows: £12,776.78 in the Current account and £688.61 in the High Interest account.

(c) HIE contract with Fèisean nan Gàidheal (circulated for information)

The HIE contract was circulated for information. The Director had signed the contract and once the auditors report had been received it was anticipated that the first payment would then be released.

(d) SAC funding (letter and timetable circulated for information)

The Director was due to meet with Ian Smith the following day to discuss SAC funding. The £250,000 foundation funding offered was not going to be enough to do what we had planned, and a further £100,000 was required for our grant schemes. It had not been possible to put a budget together for next year due to the uncertainty over our total funding for the coming financial year.

(e) Bòrd na Gàidhlig bid 2007-08 (circulated for information)

This was covered elsewhere on the agenda.

(f) Quarterly management accounts (to be tabled)

Quarterly management accounts, prepared by Nicolson & Co had been circulated.

Ken Houston had requested at the last meeting that a comparison with the previous year be included, but as this was the first year of preparing management accounts Nicolson & Co were unable to do this with any accuracy. It was decided that since Fèisean nan Gàidheal was not reliant on comparisons in sales and income, this was not required and the idea was to be abandoned.

EX1.2007.05 DEVELOPMENT ISSUES

(a) Reporting format (verbal)

Katie Adam suggested that she would like the progress reports from staff to link in with the Development Plan and also the personal development plans of individual members of staff. It was suggested that staff appraisals would need to be carried out in the near future with a possible follow-up at the Annual Conference. Katie Adam was describing a method of using traffic lights for reporting on the progress of projects and was going to e-mail a template to show how this might work.

EX1.2007.06 BOARD MEETINGS

(a) Agenda items to be included in February Board meeting (verbal)

It was suggested Ian Smith be invited to the Board meeting as it was in Glasgow and might be easier for him to attend. Plans for showcase concerts were to be included and also a presentation of the new website. This could be on disk for the meeting for Arthur or David to show members.

(b) Board Election - Western Isles (verbal)

The election run in the Western Isles for Board members had resulted in a tie with both candidates polling 6 votes. It was decided that the Board now had to make a decision on how to handle this, and it was to be discussed at the next meeting.

EX1.2007.07 GENERAL

(a) AOCB

- There was to be a Gaelic Arts conference held on 8/9 May in Stornoway and members were invited to attend if they wished.
- Katie Adam suggested that Board members should submit anything to be discussed as AOCB at either meeting, one week beforehand.

(b) Date and venue of next meeting

The date for the next meeting was 14 May 2007 at Cluanie Inn.

Fèisean nan Gàidheal

Adhartas a-rèir Phlana Leasachaidh Fèisean nan Gàidheal 2005-10

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2007.02(a)

Tha an geàrr-iomradh seo a' mìneachadh adhartais a thaobh nan amasan anns a' Phlana Leasachaidh againn. Tha mi an dòchas gu bheil seo gur cuideachadh ann a bhith a' cumail sùil air ciamar a tha a' sol dhuinn.

Ceann-uidhe 1	Taic a chur ri bhith leudachadh Fhèisean fa leth, ri bhith brosnachadh dòighean-obrach math, agus ri bhith leudachadh na h-àireimh de thachartasan	Adhartas	2006-07	2007-08
4.1.1	Sgeama Thabhartasan do na Fèisean	Tabhartasan airson 2006-07 air aontachadh agus foirmean air a dhol a-mach airson 2007-08. Litrichean tairgse ri dhol a-mach ro dheireadh na mìos. Iarrtas airson na stòras leasachaidh air tighinn a-steach.	*	*
4.1.2	A' lughdachadh an uallaich air luchd-obrach saor-thoileach	Luchd-obrach taiceil an-sàs, agus poileasaidhean a tha taiceil do dhaoine saor-thoileach air an cur an gnìomh. Tha maoin airson luchd-obrach ionadail a' leantainn agus chaidh àrdachadh pàighidh a chur an gnìomh.	*	*
4.1.3	Co-labhairt Bhliadhnail	Cuireadh bho Fèis Spè seo a chumail ann am Bhàideanach agus Srath Spè ann an 2007.	*	*
4.1.4	Àrachas	Tha seo ri ath-nuadhachadh an-dràsta ach chan eil atharrachadh anns a' phrìs.	*	*
4.1.5	Stòras Ionnstramaidean ciùil	Air a chleachdadh gu mòr, agus feum air barrachd ionnstramaidean fhathast.	*	*
4.1.6	A' dearbhadh fiosrachadh	A' dol air adhart le barrachd air 1,000 dhiubh air an dèanadh gu ruige seo agus a' tòiseachadh air daoine a chur troimhe as ùr.	*	*
4.1.7	A' cumail Stòr-dàta de luchd-teagaisg nam Fèisean	A' dol air adhart, agus dùil gum bi am fiosrachadh air a' làrach-lìn ùr. Tha teamplaidean ùra gu bhith air an deasachadh aig an ìre seo.	*	*
4.1.8	A' cruthachadh, a' sgaoleadh agus a' reic stuth foillsichte	A' dol air adhart. Tha an leabhar ùr a' comharrachadh 25 bliadhna de na fèisean foillsichte a-nise agus tha sinn a' sireadh luchd-sgaoilidh.	*	*
4.1.9	A' trusadh 's a' sgaoleadh naidheachdan is fiosrachadh eile gu cunbhalach	Chaidh <i>Faileas</i> a dhealbhadh gu proifeiseanta airson a' chiad thuras le iris 23 agus tha dùil ri iris 24 ro dheireadh na mìos.	*	*
4.1.10	Taic do dh'Fhèisean ùra	Taic ann dhaibh, agus beagan airgid bhon stòras airson leasachaidhean ùra. 'S dòcha gum bi barrachd taic ann dhuibh mar phàirt de na cùmhnantan aig InG agus CnE.	*	*
4.1.11	A' cumail taic ri leasachadh Fhèisean, no buidhnean de dh' Fhèisean, a tha ag iarraidh a bhith nas neo-eisimeileach	Tha sinn a' toirt taic dha na Fèisean ann an Lochabair agus Fèis Spè cuideachd.	*	*
4.1.12	A' leudachadh taic do na Fèisean a tha taobh a-muigh nan roinnean sgìreil dualchasach	Tagradh a-steach airson oifigear leasachaidh fhastadh airson fèisean anns na bailtean mòra, agus the seo a' coimhead coltach airson 2007.	*	*
Ceann-uidhe 2	Cleachdadh na Gàidhlig a leudachadh sna Fèisean. Labhairt mar sheòl-conaltraidh is meadhan-teagaisg a leudachadh, a rèir feumalachdan gach coimhearsnachd a tha na Fèisean a' frithealadh			
4.2.1	Poileasaidh na Gàidhlig do dh'Fhèisean nan Gàidheal a dheasachadh, a ghabhas buill na buidhne ris	Tha seo againn agus tha sinn ga chur an gnìomh bho latha gu latha. Bidh feum air measadh agus taic làidir airson seo a chur an gnìomh gu h-èifeachdach.		
4.2.2	Sgioba-leasachaidh na Gàidhlig a chur air dòigh	Sgioba-G aig 3 fèisean anns a' Ghearran.		

4.2.3	Siùil a chruthachadh gus ar Poileasaidh Gàidhlig a libhrigeadh taobh a-staigh Fèisean nan Gàidheal	Sgioba-G, Poileasaidh Gàidhlig a chur an gnìomh agus planaichean Gàidhlig aig na Fèisean. Oifigear Gàidhlig againn a-nise cuideachd.	*	*
4.2.4	Cruthaich Fèisean gu tur Gàidhlig agus teagasg tro mheadhan na Gàidhlig aig an Fèisean a th' ann 's aig Fèisean ùra	6 tro mheadhan na Gàidhlig, ach dùil gum bi barrachd Ghàidhlig anns na fèisean eile le bhith a' cur am poileasaidh an gnìomh.	*	*
4.2.5	A' leudachadh Dràma Gàidhlig	Dà fhèis dràma gu bhith a' dol air adhart am bliadhna, anns an Earra-Ghàidheal agus ann an Leòdhas. Planaichean ann airson Sgoil Shamhraidh Dràma agus beagan airgid bho InG airson seo mu thràth.	*	*
Ceann-uidhe 3	Obair nam Fèisean ann an roinn fhoirmeil an fhoghlaim a leudachadh			
4.3.1	Iomairt Ciùil Òigridh sa Ghàidhealtachd	A' dol air adhart airson na ceathramh bliadhna. Maoineachadh aig an aon ìre. Chaidh goireasan teagaisg a chur a-mach dha na sgoiltean agus dhan luchd-teagaisg air fad agus tha co-òrdanaiche ann an dreuchd airson sùil a chumail air seo.	*	*
4.3.2	An cothrom air obair le Iomairt Ciùil Òigridh ann an sgìrean eile	Tha cùmhnant againn le Comhairle Lodainn an Ear air a libhrigeadh tro Fhèis Dhùn Èideann.	*	*
4.3.3	Obair Ghàidhlig sna sgoiltean	Meanbh Chuileag air cuairt anns an Fhaoilleach agus anns an Gearran 2007.	*	*
4.3.4	Obair Fhoghlam Oifigeil eile	Cothroman stuthan-teagaisg a chur ri chèile tro Fòram Ciùil Traidiseanta.	*	*
Ceann-uidhe 4	Pròiseactan sònraichte 's obair fo chùmhnannt a libhrigeadh, le com-pàirtichean, a choileanas Fèisean nan Gàidheal is Fèisean fa leth			
4.4.2	Leudachadh Blas – A' comharrachadh Ceòl Gàidhealach	Tiocaidean airson Blas 2007 rin reic mu thràth agus companaidh ùr air stèidheachadh airson Blas a ruith. Bidh e clàraichte airson VAT. 'S ann le Fèisean nan Gàidheal a tha sinn an dùil a bhios a' chompanaidh.	*	*
4.4.3	Taic leantainneach do Chuirtean-cèilidh nam Fèisean	Tha airgead ann tro Bhlas, agus tha Iomairt na Gàidhealtachd agus Comhairle nan Ealan air airgead aontachadh air an son.	*	*
4.4.4	A' brosnachadh Fhèisean ionadail a bhith tasgadh stuth a b' urrainnear cleachdadh ann an teagasg san sgìre aca	Tha am Manaidsear Leasachaidh air iarrtas a chur a-steach dhan Chrannchur Nàiseanta airson na pròiseict seo.	*	*
4.4.5	Leasachadh Ro-innleachdail nan Ealain Gàidhlig - GASD	Tha obair GhASD a' dol air adhart, agus tha cuid dhe air a bhith glè shoirbheachail. Tha sinne gu bhith ag obair às an leth air leasachadh proifeiseanta. Tha co-labhairt na ealan Ghàidhlig gu bhith ann an Steòrnabhagh air 8 agus 9 Cèitean.	*	*
4.4.6	Tachartasan eadar Fèisean	Tha seo gu bhith an lùib ar Stòras Leasachaidh bho 2007 air adhart.	*	*
4.4.7	Lìonraidh Trèanaidh Luchd-teagaisg Ciùil Traidiseanta - TMTTN	Obair air tòiseachadh air teisteanas aig ìre nas àirde na PDA a tha ro fhaotainn an-dràsta. Tha GASD cuideachd a' coimhead air dòighean trèanadh a thoirt do dhaoine a tha ag obair anns na h-Ealain Ghàidhlig gu proifeiseanta.		
Ceann-uidhe 5	Trèanadh a leudachadh gus cur ri sgilean muinntir nam Fèisean agus gus càileachd a phiobrachadh sna Fèisean			
4.5.1	A' gleidheadh Oifigear Leasachadh Trèanaidh	Glèidhte, agus ag obair air prògram trèanaidh airson 2007.	*	*
4.5.2	Prògram trèanaidh Bliadhnail	Fèis Thrèanaidh gu math soirbheachail anns a' Ghearran, agus àireamh mhòr gu bhith a' gabhail pàirt anns a' chùrsa trèanaidh airson luchd-teagaisg aig Sabhal Mòr Ostaig.	*	*
4.5.3	Na tha ann airson deugairean sna Fèisean	Cumail taic ri Fèis Rois nan Deugairean, agus Fèis Lochabair a' beachdachadh air fèis ùr a chur air bhonn airson na h-aoise seo.	*	*

Ceann-uidhe 6	A' cumail oirnn a bhith brosnachadh dàimh nas dlùithe eadar Fèisean, buidhnean eile is dùthchannan eile, agus aithne air na Fèisean a neartachadh le bhith gabhail barrachd chothroman a thaobh sanasachd is follaiseachd			
4.6.1	Ceanglaichean	A' dol air adhart fad n h-ùine. Taisbeanaidhean aig tachartasan agus obair PR. Coinneamh le Comhairle Earra Ghàidheal is Bòid agus taisbeanadh airson Comhairle na Gàidhealtachd anns a' Ghearran.	*	*
4.6.2	Tagradh	A' dol air adhart fad n h-ùine	*	*
4.6.3	Ceanglaichean Eadar-nàiseanta	Luchd-ciùil à Cheap Breatainn, Èirinn agus Sasainn gu bhith a' gabhail pàirt aig Blas.	*	*
4.6.4	Follaiseachd is Margaideachd	Tha Chris DePlano a-nise ag obair air brathan-naidheachd a chur a-mach na bu trice. Tha <i>Failleas</i> foillsichte na bu trice cuideachd.	*	*
4.6.5	Fiosrachadh	Tha fiosrachadh a' dol a-mach do na fèisean fad na h-ùine.	*	*
4.6.6	Làrach-lìn is Teicneolas Coimpiutaireachd	Tha sinn a' gluasad gu Sitekit, agus tha prìs againn bhon luchd-dealbhadhaidh. Tha pàirt den làraich ùr (Blas) an àrda a-nise le dùil gum bi an còrr deiseil anns a' Mhàirt.	*	*
4.6.7	Cothrom air taisbeanaidhean	4 cuirmean-chiùil Ceòl nam Fèis gu bhith a' tachairt. Harvest aig Blas agus còmhraidhean a' dol air adhart le NessFest. Tha dùil gum bi òigridh nam fèisean a' gabhail pàirt aig a' chuir aig Runrig ann an Druim na Drochaid cuideachd.	*	*

Art MacCarraig
Stiuriche
Gearran 2007

Fèisean nan Gàidheal

Cuirmean-chiùil Ceòl nam Fèis mar phàirt de Gàidhealtachd 2007

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2007.02(b)

Fèisean nan Gàidheal has been looking into the possibility of staging four Ceòl nam Fèis concerts during 2007. At a meeting of the FnG executive group, it was proposed that the dates for this tour be the week of Monday 25th June as follows:-

Monday 25 th	Gather for rehearsals, possibly Farr Hall, near Inverness a.m. Rehearsal begins p.m.
Tuesday 26 th	Full day rehearsal
Wednesday 27 th	Travel to Aberdeen – sound check p.m. (Possible venue – Aberdeen Arts Centre, 300 seats)
Thursday 28 th	Travel to Stirling / Kinross to accommodation (for 3 nights) Travel p.m. to Perth – sound check p.m. (Possible venue – Perth Theatre, 400 seats)
Friday 29 th	Travel to Edinburgh – sound check p.m. (Possible venues Queens Hall, 850 seats or St. Brides Centre, 250 seats)
Saturday 30 th	Travel to Glasgow – sound check p.m. (Possible venues Strathclyde Suite, 500 seats or Tron Theatre, 230 seats)

This tour would feature either the existing Cèilidh Trail groups, or we would ask all Fèisean to submit proposals for participants in the 16 – 25 year age group – solo acts or small groups (no more than 4 people). The maximum number of participants will be 45.

A musical director will be appointed to put a balanced programme together, featuring acts from the different Fèisean, plus a grand finale. All participants will be paid £150 for taking part in the tour, with all travel, accommodation and meal costs covered.

I envisage that we aim for an audience of about 900 people across all 4 venues, with an average ticket price of £10. The net figure quoted in the budget for the box office income is less commission of 8% to venues. A copy of the detailed budget is shown overleaf.

A few questions for the board to consider:-

- Is the 16 – 25 age group correct?
- Should we focus on existing Cèilidh Trail groups or invite all Fèisean to submit acts?
- Is the time of year suitable?
- Are the proposed cities suitable, and if so, are there any other more suitable venues?
- Should the participants be paid?
- Do you think that a target of 900 people across the 4 venues is realistic?
- Ticket prices?

**Ceòl nam Fèis
4 Cities Tour Budget**

Expenditure

Musical Director	£1,500.00
Stage manager	£1,000.00
Stage helpers	£700.00
Performers fees	£6,750.00
4 Supervisors / helpers	£1,400.00
Travel to and from start / rehearsal point	£1,250.00
Rehearsal accommodation	£4,240.00
Rehearsal venue	£400.00
Rehearsal catering	£1,590.00
5 day coach hire	£1,900.00
4 Cities accommodation	£8,640.00
4 Cities catering	£3,240.00
4 Cities venues	£4,800.00
PA hire and travel	£2,500.00
Marketing	£1,500.00
Contingency	£2,070.50
Administration	£7,609.09
Total	£51,089.59

Income

Highlands and Islands Enterprise	£15,000.00
Scottish Arts Council	£25,000.00
Box Office (net)	£8,280.00
Feisean nan Gaidheal	£2,809.59
Total	£51,089.59

David Boag
Manaidsear Leasachaidh
Gearran 2007

Fèisean nan Gàidheal

Taic airson fèisean taobh a-muigh sgìre nan Eilean Siar, a' Ghàidhealtachd agus Earra-Ghàidheal agus Bòid

Àireamh air a' Chlàr Gnothaich: 1.2007.02(c)

Ro-ràdh

Leis gu bheil a' mhòr-chuid den airgid againn a' tighinn bho bhuidhnean air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan – Iomairt na Gàidhealtachd agus nan Eilean, Comhairle na Gàidhealtachd, Comhairle nan Eilean Siar agus Comhairle Earra-Ghàidheal agus Bòid – 's e ionmhas aig Comhairle Ealain na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig a-mhàin a ghabhas a chleachdadh tro Alba air fad.

Tha an taic seo air iomadh cothrom a thoirt dhuinn, a-measg sin, an comas luchd-obrach fhastadh airson taic a thoirt dha na fèisean, agus leasachaidhean a chur an gnìomh. Le sin, tha e fìor a ràdh gu bheil a' mhòr-chuid de na leasachaidhean anns a bheil sinn air a bhith an-sàs air tachairt air a' Ghàidhealtachd agus anns na h-Eileanan oir bha againn ri airgead bho na sgìrean sin a chosg anns na sgìrean sin.

Mar a tha fhios againn uile, ged tha, 's iomadh àite far a bheil fèisean a' tachairt an diugh, ann an Glaschu, Dùn Èideann, Obar Dheathain, Inbhir Chluaidh, Dùn Bhreatainn an Iar, Lannraig a Tuath agus Sruighlea. Feumaidh Fèisean nan Gàidheal càirdeas a thogail le comhairlean anns na sgìrean sin, airson ìomhaigh nam fèisean a thogail, agus airson mìneachadh dhaibh an t-eadar-dhealachadh a dhèanadh taic bhuapa-san.

Pròiseact

Tha e air a bhith na amas nar Plana Leasachaidh daoine fhastadh ann an sgìre far a bheil e comasach dhuinn feumalachdan a chomharrachadh, agus far a bheil deagh-rùn agus taic. Tha an t-airgead ùr a tha sinn a' faighinn bho Chomhairle Ealain na h-Alba a' toirt dhuinn cothrom an dràsta fhèin iarraidh air cuid de na comhairlean ionadail a' cur ris na tha againn mu thràth.

Mar sin, tha sinn ag iarraidh coimhead ri Oifigear Leasachaidh fhastadh airson taic a chumail ri na fèisean sin, agus mholainn gum bu chòir dhuinn an dreuchd a stèidheachadh far a bheil airgead air gealltainn bhon chomhairle ionadail.

Anns a' chiad dol a-mach, bu chòir dhuinn bruidhinn ri na Fèisean air a bheil feum air taic, airson faighinn a-mach a bheil càirdeas sònraichte eadar iad fhèin agus an comhairle. An uair sin, bu choir dhuinn sgrìobhadh dha na comhairlean, agus coinneachadh riutha, airson faighinn a-mach cò aig a bheil ùidh Oifigear Leasachaidh a bhith taobh a-staigh na sgìre aca.

Bidh an t-Oifigear Leasachaidh an-sàs anns an aon seòrsa obair anns a bheil an luchd-obrach leasachaidh a tha againn an dràsta, a' gabhail a-steach:

- Coinneachadh agus conaltradh leis na fèisean anns na sgìrean, agus taic le leasachaidhean
- A bhith comasach na seirbheisean a fad a mhìneachadh anns a' chiad dol a-mach co-dhiù.
- A' frithealadh fhèisean gu tric, fhad 's a tha iad a' dol air adhart neo aig amannan iomchaidh eile, mar eisimpleir aig choinneamhan chomataidhean.
- Taobh a-staigh bliadhna, tro cho-obrachadh le na fèisean, plana leasachaidh a chur ri chèile airson nam fèisean gu h-ionadail, a' gabhail a-steach brosnachadh agus cleachdadh na Gàidhlig.
- A' cur ri chèile iarrtasan airgid airson pròiseactan às leth fèisean.
- Ag obair còmhla ri buidhnean eile a tha an-sàs ann an leasachadh nan ealain Ghàidhlig agus ceòl traidiseanta mar a bhios iomchaidh.
- Dèanamh cinnteach gu bheil ìomhaigh nam fèisean aig ìre àrd.
- Cuirm-ciùil òigridh a bha Fèis Rois an sàs leis aig "Celtic Connections" ann an Glaschu, 19 Am Faoilleach.

Tadhhal air Fèisean

- Coinneamh le Tamara Hedderwick a bruidhinn mu dheidhinn Fèis Eilean Colla air chur air dòigh, 11 Am Faoilleach.
- Coinneamh Fèis Obar Dheathain, 16 Am Faoilleach.
- Coinneamh le Fèis Mhoireibh (Fèis ùr) ann an Eilginn, 23 Am Faoilleach
- Margaidh Trèanaidh Fèisean nan Gàidheal, Inbhir Nis, 4 An Gearran.

Iona NicDhòmhnaill, Oifigear Trèanaidh

Tha Fèisean nan Gàidheal air brath fhaighinn gum faigh iad an taic ESF ris a bha iad an dùil - £40K+ airson 2007.

Fiosrachadh air cùrsaichean

- Am bliadhna, tha sinn air cò-labhairt a ruith airson luchd-eagrachaidh, air 3 & 4 An Gearran, ann an Inbhir Nis. Bha barrachd na 50 ann gach latha, agus bha 21 bùthan-obrach thairis air an dà latha. Bha cuspairean eadar-dhealaichte ri fhaotainn, mar choimpiutaireachd, eachdraidh, ciad chobhair, ealain, cunntasachd agus a' ruith fèisean. A-rèir am faireachdainn às dèidh làimh, bha a' mhòr-chuid riaraichte agus toilichte leis na thachair.
- Trèanadh do luchd-teagaisg nam fèisean (Ire 1 agus 2). Bidh sin a' tachairt aig Sabhal Mòr Ostaig air 17/18 An Gearran 2007. Tha an cùrsa làn, le 30 duine an turas seo.
- Ceòl Beag – Port Rìgh – 18/19 An t-Samhain - air a chur dheth. Ri eagrachadh a-rithist
- Sgoil Eòlais na h-Alba – ceann latha ri chur air dòigh.
- Anns an eadar-ama, tha na cùrsaichean maireannach fhathast a' tachairt, leithid An Cùrsa Inntigidh, trèanadh luchd-obrach agus leasachaidhean airson na h-ath-bhliadhna.

Obair Eile

TMTTN – Ag obair air stuth taic do cholaisdean gus an cùrsa luchd-teagaisg a ruith.

GASD – ag obair air feumalachdan agus leasachadh luchd-obrach anns na h-ealain Gàidhlig.

Nicola Marshall, Oifigear Leasachaidh

Fhuair mi beagan fois aig am na Nollaig agus a bhliadhna ur. Ro na sin, chuir mi fhèin agus na h-oifigearan-leasachaidh eile crìoch air an leabhar-làimh ùr 'Ciamar a Chuireas tu Fèis air Dòigh' agus a-nis tha leth-bhreas aig a h-uile Fèis. Anns an Fhaoilleach bha mi glè thrang a' cur crìoch air am pròiseact ealain aig Fèis na h-Òige agus tha mi toilichte ag ràdh gu bheil na bràtaichean air fad suas ann an stèisean rèile Inbhir Nis. Cuideachd, tha mi ag obair còmhla ri Fèis Gleann Albainn air NessFest agus tha mi fhèin agus Daibhidh fhathast ag obair còmhla air Fèis Spè air Cèilidh Trail ùr a' chuir air dòigh. Seo na pròiseactan sònraichte agam aig an am seo ach, tha mi trang leis an obair àbhaisteach agam cuideachd.

Fèisean

Fèis a' Bhaile

Bha mi aig coinneamh Fèis a' Bhaile an seachdain seo. Chan fhaca mi iad o' chionn am an fhèis aca agus bha e math bruidhinn riutha. Bidh Maree a' dèanamh uairean a bharrachd airson an fhèis agus tha mi an dòchas gum bi sinn a' leasachadh pròiseactan ùr anns na mìosan a tha tighinn.

Fèis a' Bhealaich

Cha bhruidhinn mi ri Fèis a' Bhealaich o chionn ghoirid ach thàinig Katie MacLennan bhon comataidh gu deireadh-seachdain Fèis Trèanaidh am mìos seo. Fhuair an comataidh airgead bhon sgeama-leasachaidh againn airson pròiseact 'DVD' aca.

Fèis Chataibh

Tha luchd-obrach ùr, Christine Ross, aig Fèis Chataibh a' dèanamh uairean bliadhna. Tha Christine agus an comataidh trang ag obair air am prìomh Fhèis aca aig an am seo. Chaidh mi fhèin agus Calum Alex gu coinneamh mu dheireadh aca anns an Faoilleach airson bruidhinn mu dheidhinn an Sgioba-G.

Fèis Chille Mhòraig

Bha coinneamh bliadhna aig Fèis Chille Mhòraig aig dìreadh an t-Sultain agus tha an comataidh aontachadh gum bidh cruth ùr aig am Fèis am- bliadhna seo. Bidh iad a' cur air dòigh da làithean sònraichte mar an lath spors a rinn iad còmhla ruim da bhliadhna air ais. Cuideachd tha iad ag iarraidh pròiseact ealain a chur air dòigh.

Fèis an Earraich

Chaidh còmhlan bho Fèis an Earraich gu Armagh ann an t-Sultain agus chord an turas riutha gu mòr. A-nis, tha an comataidh ag obair glè thrang air am prìomh Fhèis aca. Bidh an fhèis a' ruith eadar 2-6 Giblean ann am bun-sgoil Phort Rìgh. Bidh agallamhan airson an Cèilidh Trail a tachairt aig an fhèis am-bliadhna seo agus bidh mi ag obair air sin anns na mìosan a tha tighinn.

Fèis Gleann Albainn

Tha Fèis Gleann Albainn uabhasach trang mar as àbhaist. Tha clasaichean aca fhathast a' dol a h-uile seachdain agus tha iad ag obair air pròiseact sònraichte, NessFest airson Gaidhealtachd 2007. A Bharrachd air seo bidh Fèis nan Inbhich Gleann Albainn a' ruith aig an deireadh-seachdain seo.

Fèis Inbhir Narann

Tha Fèis Inbhir Narann tighinn air adhart mar as àbhaist. Tha na clasaichean aca a' ruith gach seachdain agus bidh am prìomh Fhèis aca anns am foghar. Fhuair iad airgid bho an sgeama leasachaidh airson computair a cheannach airson an fhèis fhèin.

Fèis na h-Òige

Mar a thuirt mi aig an toiseach, tha an taisbeanadh airson Gaidhealtachd 2007 suas anns an stàitean rèile a-nis agus tha tòrr beachdan math a' tighinn air ais dhomh. Anns na mìosan ri teachd bidh iad a' ruith sreath de bhùthan-obrach, a bharrachd air sin tha iad a' smaoinichadh air beachdan airson togail-airgead. Bidh am prìomh Fhèis aca anns a' chiad seachdain den làithean-samhraidh na sgoiltean.

Fèis Spè

Mar Fèis na h-Òige, tha Fèis Spè ag obair air pròiseact ùr airson Gaidhealtachd 2007 agus bidh consart mòr aca anns an t-Òg Mhios. Tha mi ag obair còmhla ri an comataidh agus CNPA airson Cèilidh Trail a cuir air dòigh. Bidh na clasaichean àbhaisteach fhathast a' ruith agus tha iad a' leantainn leis am pròiseact YMI.

Fèis Farr

Cha robh conaltradh eadar mi fhèin agus Fèis Farr anns na mìosan a chaidh seachad.

Fèis Thròdairnis

Cha bhith Fèis Thròdairnis a' ruith am-bliadhna seo.

Fèis Ratharsaidh

Bidh Fèis Ratharsaidh a' tachairt air an deireadh-seachdain seo.

Fèis Rois

Thoiseach Fèis Rois a' bhliadhna ùr le consart glè soirbheachail aig Fèis Celtic Connections. An-dràsta, tha iad ag obair air Fèis Rois Òigridh anns a' Ghiblean agus Fèis nan Inbhich sa Chèitean. Bidh Allison Watson a' dèanamh obair a bha aig Chris Rasdale agus tha i gu math trang leis na clasaichean YMI.

Fèis Air an Oir

Tha Fèis Air an Oir a' leantainn na clasaichean cunbhalach aca agus bha e math a' bhith bruidhinn ri Carol Anne Nicaoidh aig am Fèis Trèanaidh.

Fèis Alba

Bidh mi ag obair air Fèis Alba anns na mìosan ri teachd agus tha mi coimhead air adhart ri dearbhadh an sgioba de luchd-teagaisg. Tha mi an dòchas gum bi com-pàirtichean bhon Cèilidh Trail ur a' tighinn ann.

Coinnemhan aig an robh mi a bharrachd air coinneamhan àbhaisteach.

An t-Samhain

- 23 Coinneamh Maree & Katie, Fèis a' Bhaile
- 30 Coinneamh le CNPA & Leader+, Strathdon

An Dùbhlachd

- 4 Coinneamh le Fèis Spè & Art MacCormaig
- 5 Cùrsa gràmar, Port Rìgh
- 7 Coinneamh Blas
- 14 Trèanaidh Luchd-obrach, Connel
- 19 Cùrsa gràmar pàirt 2, Inbhir Nis

Am Faoilleach

- 10 Fèis na h-Òige Banner project
- 16 Coinneamh le Maria MacRae, South Laggan
- 23 Coinneamh le Judith & Elspeth, Fèis Spè
- 31 Coinneamh le Ingrid Henderson, An Gearastan

An Gearran

- 3 Fèis Trèanaidh
- 4 Fèis Trèanaidh
- 6 Coinneamh Blas, Inbhir Nis
- 7 Coinneamh le Bill Skeoch
- 11 Launch of NessFest, Cille Chuimein

Ingrid Nic Eanraig - Oifigear Leasachaidh Fèisean Lochabair

Trang mar as àbhaist anns na mìosan seo ach bha mi uamhasach toilichte trì seachdainean fhaighinn dheth aig àm na Nollaig. Abair fois! Anns an fharsaingeachd tha obair nam Fèisean a' dol ceart gu leòr 'san sgìre seo agus ged a tha mi fhathast ag obair air pròiseactan ùra tha mi cuideachd a' dèanamh beagan sgioblachadh air na seann pròiseactan airson an obraiche ùra a bhios a' tighinn a-steach. Thaghadh Fèisean nan Gaidheal agus am bòrd stiùiridh agam Fiona Ironside (Oifigear YMI Loch Abar) airson an obair a dhèanamh nuair a tha mi falbh air fòrladh màthaireil. Bidh i a' tòiseachadh anns am' Mhàirt agus ag obair airson sia mìosan co dhiù.

Cèilidhean air Chuairt

Chuir mi crìoch air na foirmean tagraichean mu dheireadh aig Leader+ agus Ionad Lochabair 'san àm seo. Tha an t-airgead air fad a-staigh airson na trì bliadhnachan nise agus tha am pròiseact deiseil a rèir na riaghailtean aca. Tha iad uile sona leis an co-dhùnadh agus riarachaidhean gum bi e a' cumail air adhart le taic eile. Bhon uiridh air adhart bidh an t-airgead a' tighinn bhon aon freumh tro Fèisean nan Gàidheal bho Ionad na Gaidhealtachd 'sna h-Eileanan.

Am mìos seo tha mi ag obair air clàr ama ur airson Cèilidhean air Chuairt 2007 agus tha mi a' cuir bileag fiosrachadh 's sanasan ri chèile airson an luchd-ciùil ur fhaighinn aig àm Màirt.

Blas:

Tha mi air a bhith aig dha no trì choinneamhan Blas anns an t-àm seo airson beachdan agus moladh a chur ri chèile airson 2007. Tha am program deiseil nise agus air an loidhne airson ticeadan a' reic.

Iomairt Ciùil na h-Òigridh/Obair na Sgoiltean

Tha bloc 06/07 deiseil a-nise air an tìr mhòr agus tha sinn dìreach airson beagan fiosrachadh fhaighinn air ais bho na sgoiltean mu deidhinn. Tha Fiona fhathast ag obair airson an sgeama pàirt-ùine agus bidh i a' dèanamh na clasaichean eile airson na h-Eileanan ann am Màirt.

Tha na sgoiltean cuideachd airson rudan a dhèanamh airson 2007 am Bliadhna a chomharraicheas Alba cultar na Ghàidhealtachd. (Highland Promise an t-ainm air an sgeama) Tha iarraidh orra rudeigin eile a dhèanamh a thaobh cultar agus tha seòrsa liosta aca le bhuidheann a tha deònach stuth mar sin a dhèanamh. Thàinig gach

cruinneachadh 'san sgìre Lochabar (4) a faighneachd dhomh airson beachdan 's cosgaisean airson tachartasan. Rinn mi seo airson gach buidheann ach cha chuala mi sìon air ais ach bhon sgìre Mhalaig. Tha iadsan airson pròiseact a dhèanamh còmhla ri Fèis Òigridh na Mara airson òrain ur a sgrìobhadh. As dèidh coinneamh leis na ceannardan, rinn mi buidseat 's beairt ùr airson am pròiseact. Ma tha iad ag aontachadh, bidh sinn a' toirt seachad na pròiseactan mar stoidhle Iomairt Ciùil na h-Òigridh agus bidh e a' ruith eadar an Cèitean 's an t-Samhain le taic airgid bhon buidseat aca.

Gleann Fhionnan 2007

Tha mi air a bhith beagan taic a ghabhail ris a bhuidheann a tha a ruith gnìomhachasan 2007 anns a' bhaile seo. Tha mi a' cuideachadh le stuth airson na h-òigridh (Iuchd teagaisg m.e.), bileagan iarrtasan agus le foirmean 's cùmhnantan airson stuth eile.

Iarrtasan

Fèis	Buidheann	Mion - Fhiosrachadh	Suim	Ceum
Oigridh na Mara	F nan Gaidheal Sgeama Leasachadh	A' ceannaich innealan ciùil	£913	Soirbheachail
Òigridh na Mara	Awards for All	A' ceannaich innealan ciùil agus buidheann obrach	£8500	Soirbheachail agus a' ruith. £5000
Garbh Chrìochan	Awards for All	Goireas Iomain	£2000	Thàinig air ais e airson fiosrachadh eile ach falbh nise. Fhathast a' feitheamh
Eige	Awards for All	A' ceannaich innealan ciùil	Approx £1500	Thàinig air ais e airson fiosrachadh eile. Fhathast a' feitheamh
Glenfinnan 07	Awards for All	Clasaichean Gàidhlig agus tachartasan airson 2007	£9000	Soirbheachail. £5000.
Fèisean Loch Abar	F nan Gaidheal Sgeama Leasachadh	Consart 'san àrd sgoil	£300	A' feitheamh airson freagairt.
Òigridh na Mara	F nan Gaidheal Sgeama Leasachadh	Compiutair 's printer	£850	A' feitheamh airson freagairt.

Eile

Bha am buidheann Cèilidhean air Chuairt agus na Fèisean Abraich air fad a-mach airson oidhche Trad Music Awards 'san Gearasdan 'san Dùbhlachd. Bha deagh latha 's oidhche againn ged a bha e beagan trom airson na saor thagraichean. Tapadh leat a-rithist airson an cuideachadh.

NPP - Tha sinne (Fèisean, Sgoil Chiùil Loch Abar, Còmhlan Ciùil Choimhearsnachd) fhathast a' cur crìoch air a' Phròiseact an Iomall a Tuath agus paipear Social Audit. Bidh e uile deiseil aig deireadh na Màirt. Le taic bho Bryan Beattie, tha sinn cuideachd a' dèanamh sgrùdadh-iomchaidheachd 'san sgìre mu dheidhinn dè bhios feumail airson buidheann ciùil a leasachadh.

Iomairt Lochabair – Bha mi aig coinneamh 'san Dùbhlachd agus fear eile a' ceangal ri Gàidhealtachd 2007 'san Faoilleach. Bha iad cuideachd gam chleachdadh airson comhairle mu dheidhinn rudan culturach agus tha seo feumail airson fiosrachadh fhaighinn.

Coinneamhan agus tachartasan eile:

- An Dùbhlachd 2 Ag obair agus frithealadh aig Duaisean Ceol Traidiseanta, An Gearasdan
- 4 Coinneamh NPP le Bryan Beattie, Cam Dhàil
- 4 Coinneamh airson Mod07, An Gearasdan
- 5 Latha trèanaidh – gràmair, Port Rìgh
- 6 Coinneamh Gleann Fhionnan 2007,

7 Co-chruinneachadh NPP/ Cultural arts, Ionad Neibhis
18 Coinneamh Fèis Òigridh na Mara, Malaig
19 Coinneamh NPP, Cam dhàil
19 Coinneamh Ionad Lochabar, An Gearasdan

Am Faoilleach 8 Coinneamh Buidheann Gàidhlig Lochabar, An Gearasdan
16 Coinneamh YMI le Rae, Fiona agus na luchd teagaisg, Cam Dhàil
16 Coinneamh Fèis Lochabair
25 Coinneamh NPP, Social Audit, Cam Dhàil
26 Coinneamh Le Eileen, Gleann Fhionnan 2007-02-07
26 Coinneamh le Niki, Fèis Oigridh na Mara agus Fiona, YMI, Malaig.
30 Coinneamh Ionad Lochabair, Highland 2007, An Gearasdan
31 Ag obair còmhla ri Nicola, Cam dhàil

An Gearran 2 – 4 Fèis Trèanaidh, Inbhir Nis
5 Coinneamh leis na sgoiltean sgìre Mhalaig, Àrd Sgoil Mhalaig
6 Coinneamh Blas, Inbhir Nis

Fiona NicAonghais, Oifigear Taice

Bha gnòthaichean caran sàmhach aig deireadh na bliadhna, ach bha na comataidhean trang anns an Fhaoilleach a' cur a-steach airson grantaichean agus airgead leasachaidh FNG. Thug mi seachad cuideachadh dhan an fheadhainn a bha ga iarraidh, agus chaidh mi gu coinneamhan air a b' urrainn dhomh.

Anns na mìosan ri thighinn, tha mi gu bhith a' toirt seachad taic agus comhairle far a bheil feum air, gu h-àraid cuideachadh sam bith airson Fèisean an t-Samhraidh. Gu mi-fhòrtanach, cha deach duine à Fèisean nan Eilean Siar chun an Co-chruinneachadh Trèanaidh a bha ann an Inbhirnis air 3/4 Gearran, agus 's e call mòr a bha sin a thaobh gur e cothrom mhath a bha ann tòrr trèanaidh fhaighinn agus daoine a tha a' ruith Fèisean air tìr-mòr a' coinneachadh. Tha seo a' ciallachadh gum bi an ceathramh coinneamh sgìreil roinneil air a' chumail anns na h-Eileanan anns na mìosan ri thighinn.

Tha mi cuideachd gu bhith trang a' tadhail agus a' cuideachadh na sgoiltean a tha an lùib am pròiseact dràma Leòdhas agus na Hearadh, agus tha oidhche shònraichte gu a bhith ann dhaibh anns an Lanntair an Steòrnabhagh air Dimàirt 13 Màrt.

Fèis Bharraigh

- Tha mi air a bhith a' bruidhinn ris an Oifigear Taic agus an neach-obrach rianachd .
- Tha an Fhèis a' gabhail àite bho 15 – 21 Iuchair

Fèis Eilean an Fhraoich

- Bha mi aig a' choinneamh bhliadhnail air 30 den t-Samhain
- Choinnich mi an tè-cathrach air 6 Dùbhlachd mu taic-airgid FNG
- Bha mi aig coinneamh air 6 Gearran
- Bidh an Fhèis aca bho 23-27 Iuchair

Fèis Eilean na Hearadh

- Tha mi air a bhith a' bruidhinn ris an neach-obrach rianachd
- Tha an Fhèis ann bho 9 –13 Iuchair

Fèis Taigh Dhonnchaidh

- Tha mi air a bhith a' bruidhinn ris an neach-obrach rianachd
- Tha Ceòl Nis gu bhith ann eadar 3 agus 7 Iuchair

Fèis Tìr a' Mhurain

- Tha mi air a bhith a' bruidhinn ris an comataidh ùr
- Tha an Fhèis aca gu bhith a' gabhail àite bho 9 – 13 Iuchair ann an Sgoil an Iochdair

Fèis Tìr an Eòrna

- Bha mi aig coinneamh air 9 Gearran ann an Càirinis.

- Choinnich mi leis an rùnaire air 30 Gearran ann an Sgoil Lìonacleit airson bruidhinn air cùrsaichean trèanadh.
- Tha an Fhèis gu bhith air a' chiad seachdainn den Iuchair (2 – 6 Iuchair).

Fèis an Rubha

- Tha an comataidh am beachd coinneachadh air 20 Gearran.
- Tha an fhèis gu bhith a' gabhail àite 6–10 Lùnastal

Eile

- Thadhail mi air sgoiltean airson beagan dràma a' dhèanamh agus stùireadh a thoirt an luib PDLH – Sgoil an t-Òib agus Sgoil na h-Àirde air 29 den t-Samhain.
- Bha mi air cùrsa gràmar luchd-obrach ann an Inbhir nis air 19 Dùbhlachd

Càiristiona Nic an t-Saoir – Oifigear Taice

Tachartasan

- Bha mi aig coinneamh airson trèanadh ann an Inbhir Nis
- Tha mi air a bhi a cuideachadh le airgid fhaighinn eadar YMI agus Comhairle Earra-Ghàidheal,
- Tha mi air a bhi cuideachadh na fèisean agam airson formaichean a leanadh

Fèis Arainn

Gu mi fhortanach cha bhi an fhèis seo a' dol air aoidh am bliadhna air sgail gu bi na sgoilearan a gluasad dhan sgoil ùra agus gu bith e ro chunnartach an fhèis a bhi a dol aig an aon àm. Co dhuibh, tha iad airson cuideachadh a thoirt seachad dhan chlas fìdhle airson deireadh sheachdain a chuir air adhart uaireigin 's bhliadhna.

Fèis Dhùn Bhreatainn an Iar

Tha an fhèis aca air tòiseachadh o choinn goirid agus tha cuisean a dol glè mhath a drasda.

Fèis Innis a Uillt

Tha iad seo trang eadar iomain, ceòl agus Gàidhlig. Fhuair iad seo tòrr bharail a mach as a cùrsa trèanadh an Inbhir Nis agus tha iad a beachd barrachd rudan a chuir air bhon a choinn goirid.

Fèis Latharna

Chuir iad seo dian–smuaineachadh gu YMI agus chaidh a thilleadh air ais, ach tha iad air a chuir a staigh a rithist agus tha iad a feitheamh ri facal air ais.

Fèis Lannraig a Tuath

Tha iadsan trang a cuir air dòigh fèis na bliadhna seo. Tha iad cuideachd a dol air bhon còmhla ri Fèis Innis a Uillt airson "league" iomain.

Fèis Mhuile

Tha comataidh ùr aca seo agus tha iad fhathast a' faighinn beachdan bho dhaoine dè an dòigh as fhèarr an fhèis seo a brosnachadh. Tha iad am beachd fèis a chur anns a cheann a deas agus clasaichean a chumail anns a cheann a tuath.

Fèis Òigridh Ìle agus Dhiùra

Tha an fhèis seo a nis anns a treas bliadhna agus tha iad air faighinn còmhla ri muinntir Dhiùra airson an fhèis a chur gu seachdain. Bith seo a tachairt air an ath sheachdain

Fèis Òigridh Ghlaschu

Tha mi am beachd gu bheil an fhèis seo a dol a dh'atharrachadh. O chionn goirid tha e doirbh sian fhaighinn a mach!

Fèis Chile Chonbhail

Tha cuisean a dol glè mhath agus tha gu leòr a dol a bhi a' tachairt an samhradh seo tighinn.

Fèis Ghlaschu

Tha an fhèis seo a sìor fhàs mòr agus am bliadhna tha iad a' gluasad gu àite ùra anns a' bhaile.

Fèis Thiroidh

Bidh an fhèis seo math mar as àbhaist!

Fèis Cheann Loch Goibhle

Am bliadhna tha iad a' cur air bhonn fèis dà latha ann an Ardroy. Bidh iad a' dèanamh ceòl, Gàidhlig agus spòrs. Tha iad seo cuideachd a' sgapadh a-mach agus a' toirt a-staigh Dunomhainn agus Cobhal.

Gnothaichean Ùr

- Am bliadhna tha seachd sgoiltean an-sàs anns an fhèis Dhràma an Earra-Ghàidheil. Tha a dràma gu bhith anns an Òban a-rithist.
- Còmhla ri Arthur bha coinneamh againn ri Comhairle Earra-Ghàidheil a' coimhead airson tuilleadh airgid airson fèisean na sgìre sin.
- Tha mi a coimhead air adhart fiachainn ri airgid a lorg airson "musician in residence" fhaighinn airson Dìura, Ìle agus Collonsaidh
- Bha mi aig coinneamh ris a' Chomhairle airson coisir Ghàidhlig a thòiseachadh anns an sgìre agam cuideachd.
- Gu leòr a dol ma tha!

Dougie Beck – Oifigear Gàidhlig (Dràma)

Meanbh-chuileag

Tha mise agus Deirdre Ghreumach air an rathad an-dràsta le "Le Meas", an dealbh-chluich ùr againn. Às dèidh dhuinn deasachadh a dhèanamh an dà chuid san Eilean Sgitheanach agus ann an Uibhist, thòisich a' chuairt ann an Uibhist anns an Dùbhlachd, le Colla Dòmhnallach a' cluich Chris, balach à Glaschu a tha a' cur eòlas air Maram (Deirdre), nighean à Afghanistan. Bha Colla cuideachd còmhla rinn ann an Ìle, Tiriodh agus Muile seachdain 22 Faoilleach.

Cha do chuir sinn mòran ùine seachad ann an Ìle (chaidh sinn ann air bàta-aiseig na maidne agus thill sinn feasgar), ach b' fheudar dhuinn dà oidhche a chur seachad ann an Tiriodh air sgàth mar a tha an clàr-ama aig an àm seo den bhliadhna. Gus ar n-ùine a lìonadh fhad 's a bha sinn ann an Tiriodh, rinn sinn bùthan-obrach dràma don chloinn gu lèir sa bhun-sgoil.

A-rithist, ann am Muile, chaidh sinn ann air bàta na maidne, agus thill sinn feasgar taobh Loch Àlainn.

Ann an Ìle agus Muile rinn mi bùthan-obrach airson Pròiseact Dràma Earra-Ghàidheil (faicibh shìos).

Bha duilgheadasan againn a thaobh a bhith a' fastadh cleasaiche airson pàirt Chris a chluich, agus mar sin tha mi fhìn ga dhèanamh.

Thuige seo, tha sinn air an dealbhan chluich a dhèanamh do chòrr is 400 duine-chloinne. Bha sinn anns a' Ghearasdan, anns an Òban, Malaig, Sgoil a' Mheadhain (Inbhir Nis) agus Baile Ùr an t-Sleibhe seachdain 29 Faoilleach.

Bha sinn an uair sin ann am Baile Dhubhthaich, Geàrrloch, Loch Carrann, Inbhir Pheofharain, Ullapul, Obar Dheathain agus Comar nan Allt air seachdain 5 Gearran.

Bidh sinn ann an sgoiltean an Eilein Sgitheanaich (agus am Ploc) seachdain 12 Gearran, agus ann an sgoiltean sgìre Ghlaschu seachdain seachdain 19 Gearran (Cille Bhrìghde an Ear, Cille Mhearnaig, Grianaig, Baile Ghlaschu, Bishopbriggs agus Dùn Omhain).

Bidh sinn ann an Leòdhas agus na Hearadh airson beagan is seachdain bho 5 Màrt, agus an uairsin bidh sinn ann an Dùn Èideann, Peart agus Sruighlea faisg air deireadh a' Mhàirt.

Tha na tidsearan uile air a bhith ag ràdh gu bheil an dealbh-chluich ag obair glè mhath, agus gu bheil a' chlann a' faighinn buannachd mhòr aiste.

A bharrachd air an dealbh-chluich fhèin, tha na sgoilearan a' faighinn bùth-obrach a tha a' togail air theamannan na deilbh-chluiche.

Pròiseactan Dràma

Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal

Mar a chìthear bhon aithisg aig Christine, tha Pròiseact Dràma Earra Ghàidheal air chois a-rithist, agus tha 7 sgoiltean a' gabhail pàirt ann. Tha mi fhìn air tadhal air ceithir sgoiltean (Ìle, Muile, An Gearasdan agus Malaig) airson cuideachadh a thoirt dhaibh leis na dealbhan-cluiche aca, agus bidh mi a' tadhal air Malaig a-rithist airson beagan a bharrachd a dhèanamh còmhla riutha.

Pròiseact Dràma Leòdhais agus na Hearadh

Bha duilgheadasan againn ann a bhith a' fastadh eòlaiche dràma airson an darna sreath de bhùthan-obrach a dhèanamh, agus b' fheudar dhuinn am pròiseact a chur air ais bhon Dùbhlachd chun an Fhaoilich air sgàth seo. As dèidh dhuinn tòrr dhaoine fheuchainn, 's i Christina NicDhòmhnaill, a tha a' fuireach san Rubha, a chaidh timcheall nan sgoiltean an turas sa, agus tha e coltach gun d' rinn i obair a bha fìor mhath. Tha sia sgoiltean a-nise a' gabhail pàirt anns a' Phròiseact, agus bidh iad uile a' tighinn còmhla sa Mhàrt san Lanntair ann an Steòrnabhagh airson na dealbhan-cluiche aca a thaisbeanadh.

Tha e follaiseach gu bheil gainnead de luchd-teagaisg dràma/cleasaichean le Gàidhlig ann, oir chan eil e idir air a bhith furasta daoine fhasadh airson Meanbh-chuileag agus airson nam pròiseactan dràma agus cuideachd tha Fèisean fhèin uaireannan ga fhaighinn duilich daoine a lorg a nì dràma dhaibh.

Obair eile

Rinn mi fhìn agus Calum Ailig bùth-obrach aig an deireadh-seachdain trèanaidh ann an geamannan agus cur-seachadan a bhiodh freagarrach airson Gàidhlig a theagasg do chom-pàirtichean aig Fèisean, agus tha e coltach gun d' fhuair na daoine a bha an làthair tòrr aiste.

Rinn mi bùth-obrach san Dùbhlachd ann am Word agus Photoshop.

Na mìosan a tha romham

Seachdain ann an Caisteal Dhùn Èideann a' toirt clann timcheall air cuairtean Gàidhlig

Seachdain aig Àrach Chùil Lodair, a' dèanamh dealbh-chluich *living history* sa Ghàidhlig do dh'Urras Nàiseanta na h-Alba

Latha Gàidhlig ann an Dùn Omhain do Cho-roinn Ghàidhlig Chomhghaill. Bidh mi cuideachd a' bruidhinn riutha mu bhith a' cur Fèis ùr air dòigh an sin.

Calum MacMhaoilein, Oifigear Gàidhlig

Gnothaichean Sgioba-G is coinneamhan

Ged nach eil an Sgioba-G air a bhith aig fèis thairis air na trì mìosan a chaidh seachad, tha mi air a bhith trang le coinneamhan le cuid den fèisean agus le bhith ag ullachadh stuthan airson an Sgioba-G agus na fèisean a tha air iarraidh air an Sgioba.

Fèis Chataibh

Aig toiseach na bliadhna seo, chaidh mi fhìn is Nicola gu coinneamh còmhla ri comataidh Fèis Chataibh. Bha iadsan airson barrachd fiosrachaidh fhaighinn mun an Sgioba-G agus mar a dh'obraich e aig an fhèis aca. Tha iad a-nis ag iarraidh air Sgioba-G a thighinn chun an fhèis anns an t-Iuchar son cuideachadh le Gàidhlig.

Fèis Obar Dheathain

Chaidh Daibhidh 's mi fhìn gu Obar Dheathain airson coinneamh leis an fhèis an sin. Tha iadsan a' deisealachadh airson an Fhèis aca a bhios air na làithean 17-19 Gearran. Tha an Sgioba-G gu bhith an làthair an sin le mi fhìn is Anna Wombwell aig an stiùir. Tha mi air a bhith 'g ullachadh planaichean airson gach leasan a bhios an Sgioba-G a ruith aig an fhèis agus tha mi air bhith 'g obair gus stuthan-teagaisg ùr a chleachdadh airson na cur-seachadan a bhios sinn a' ruith.

Fèis Dhùn Èideann

Tha mi fhìn is Rona Wilkie gu bhith ruith an Sgioba-G aig Fèis Dhùn Èideann air 12-15 Gearran. Tha mi air a bhith gu math trang a' deisealachadh airson seo, le beachdan ùr airson na clasaichean Gàidhlig agus an uairsin cruinneachadh stuthan ùr agus a' sgrìobhadh planaichean teagaisg.

Fèis an Earraich

Aig an Fhèis tràanaidh aig toiseach an Giblean, fhuair mi cothrom bruidhinn ri Kirsteen Greumach bho Fèis an Earraich. Bha comataidh an fhèis ag iarraidh cuideachadh leis a' phrògram Ghàidhlig a tha iad a' ruith airson na cloinne. Tha an Fhèis aca air an seachdain 2-6 Giblean agus tha mi dol a thoirt cuideachadh dhaibh le stuthan-teagaisg agus planaichean a bhios feumail airson na cur-seachadan a bhios aca aig an Fhèis.

Coinneamh le Tamara Hedderwick

Choinnich Daibhidh is mi fhìn le Tamara Hedderwick à Eilean Chola. Tha ise airson Fèis a thòiseachadh thall air an eilean agus bha i airson fiosrachadh fhaighinn air mar a dhèanadh i sin. Bha mise a' bruidhinn rithe mu Ghàidhlig aig Fèisean agus na seòrsa rudan a dh'fhaodadh Sgioba-G a dhèanamh. Tha iad an dòchas a chumail Fèis anns a Chèitean 's tha Daibhidh 's mi fhìn an dòchas faighinn a-nall a' Chola a dh'aithghearr airson coinneamh a chumail leis a' chomataidh a bhios a' ruith an fhèis.

An àm ri teachd

Anns an àm ri teachd tha mi gu bhith ag obair aig Fèisean leis an Sgioba-G agus tha mi cuideachd an dòchas cothrom fhaighinn air coinneachadh le Fèisean eile agus ag obair còmhla riutha air planaichean Gàidhlig sa cuir an Sgioba-G air dòigh dhaibh. Bidh mi ag obair air cur-seachadan ùr airson an Sgioba-G agus tha mi gu math taingeil gu Bòrd na Gàidhlig a thug taic-airgid dhuinn airson sia computairean a cheannachd airson na cur-seachadan seo.

Eadar-Theangachaidhean

Bha mi an làthair aig a' choinneamh mu dheireadh aig a' Bhòrd 's bha mi a' dèanamh an eadar-theangachadh, ged nach robh mi ga fhaighinn furasta aig an toiseach, dh'fhàs mi cleachdte ris agus chòrd e rium a bhith ga dhèanamh!

Tha mi cuideachd air a bhith a' dèanamh eadar-theangachaidhean airson na Fèisean. Mar as trice 's e brathan-naidheachd a bhios iad a ag iarraidh orm a dhèanamh, ach a bharrachd air seo tha mi air pìosan a dhèanamh air foirmean-iarrtas, postairean agus pìosan airson an leughadh aig cuirmean.

An leabhar

Bha mi an làthair aig an iomairt-fhoillseachaidh anns a' Ghearasdain airson an leabhar ùr aig Fèisean nan Gàidheal. Chòrd an fheasgair rium agus bha mi an uairsin aig a' chuir airson Duaisean Chiùil Thraidiseanta agus bha sin uabhasach math cuideachd.

Meanbh Chuileag

Tha mi air a bhith cuideachadh Dougie le bhith cur na sgoiltean air dòigh airson an turas aig Meanbh Chuileag leis an dealbh-cluiche ùr aca, 'Le Meas'. Bha mi cuideachadh leis an clàr-ama, a fònadh na sgoiltean agus a sgrìobhadh an àrd planaichean airson a' chiad phàirt den an turas.

Làithean Gràmar

Bha mi aig an dà latha gràmar a bha Gilleasbuig Feargasdan a' ruith. A' chiad latha anns an Eilean Sgiathanach agus darna latha ann an Inbhir Nis. Chòrd iad rium gu mòr agus bha iad gu math feumail.

Fèis-Trèanaidh

Bha mi an làthair aig na làithean tràanaidh a bha aig Fèisean nan Gàidheal air an 3 agus 4 Gearran ann an Inbhir Nis. Bha e math coinneachadh le na daoine a bha air tighinn bho na comataidhean. Bha Dougie 's mi fhìn a' ruith bùth-obrach de chur-seachadan Gàidhlig air madainn na Sabaid. Bha 20 againn an làthair agus chaidh sinn thairis air na diofar rudan a bhios sinn a' dèanamh leis an Sgioba-G agus thug sinn air na daoine a bha an làthair feuchainn air na cur-seachadan. Bha e uabhasach spòrsail agus chòrd e rium.

Christopher DePlano - Oifigear Chonaltraidh is Margaideachd

Aig deireadh an Dùbhlachd 2006, thàinig crìoch air pròiseact an leabhar, le iomairt fhoillseachaidh anns a' Ghearasdain aig na Duaisean Chiùil Thraidiseanta. Bha aoi ghean leithid Cèit Mhàrtainn, Jim Tough bho Comhairle nan Ealain agus BPA Rob Gibson an làthair, am measg mu 30 dhaoine eile.

Tha mi air a bhith ag obair air làrach-lìn ùr Fèis Bhlas, a chaidh beò aig an aon am 's a chaidh am prògram Bhlas fhoillseachadh aig Celtic Connections. Airson seo a dhèanamh bha mi ag obair còmhla ri Pelican-Design ann am Port Rìgh agus sgioba Bhlas bhon taobh an Ear. Chuir mi seachad ùine airson tràanadh còmhla ri Caillean

MacIlleathain agus Heckie Cormack bho Pelican, airson teicneolas na làraich, SiteKit CMS, a chleachdadh gu soirbheachail.

Nuair a bha gu leòr fiosrachadh agam mun fhèis, chuir mi seachad mòran ùine a' cuir an fhiosrachadh air an làrach lìn, agus a dèanamh cinnteach gun ro e ag obair gu ceart. Tha tuilleadh obair ri dhèanamh air an làrach eadar seo agus an Fhèis aig deireadh an t-Samhradh.

Chuir mi seachad latha aig Oilthigh Dhùn Eideann ag ionnsachadh mu dheidhinn am prògram InDesign. Tha am bathar-bog seo furasda a cleachdadh agus tha dùil agam a sealltainn dhan luchd-obrach eile mar a tha e ag obair, agus ma tha FnG deònach am bathar-bog a ceannachd.

Thèid iris eile de Faileas fhoillseachadh aig toiseach an ath-mhios, le ceithir duilleagan a bharrachd na bhroinn a coimhead gu sònraichte air program YMI. Chaidh an iris seo a chuir air dheireadh leis gun robh barrachd ri dhèanamh airson YMI. Ach, tha dùil gum bith an ath iris as dèidh sin air fhoillseachadh 's a Ghiblean.

Fèisean nan Gàidheal

Taghadh Buill a' Bhùird

Àireamh air a' Chlàr-Gnothaich: 1.2007.05(c)

Tha taghadh luchd-stiùiridh air ùine nas fhaide na 'n àbhaist a ghabhail an turas seo, ach bidh cuimhne aig buill a' Bhùird gun deach **Laura Green** a thaghadh mar an aon neach a chaidh a chur air adhart bho na fèisean ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd, agus bidh i còmhla ruinn aig a' choinneimh.

Aig àm na coinneimh mu dheireadh, bha dithis air an cur air adhart le na fèisean anns na h-Eileanan an Iar, agus mar sin, thug sinn cothrom eile dhaibh bhòtadh.

'S iad an dithis a bha air an cur air adhart:

- **Peigi NicIllFhinnein** à Fèis Eilean an Fhraoich
- **Tomaidh Dòmhnallach** à Fèis Tìr a' Mhurain

Chaidh bhòt a chumail anns an Fhaoilleach, agus air a' cheann thall fhuair an dithis aca sia bhòtaichean an urra. Mar a chaidh a mhìneachadh fo 1.2007.04(a) cha robh càil anns na modhan-obrach againn a thaobh daoine a bhith co-ionnan, agus feumar buill a' Bhùird co-dhùnadh a ruighinn air dè bu thoigh leotha a dhèanamh ris an t-suidheachadh a rèiteach. Tha co-dhiù 3 roghainnean ann nam bheachd-sa:

- Ma thèid aontachadh le buill a' Bhùird ri 1.2007.04(a), bidh e an urra ruibh bhòt a chumail a-measg buill a' Bhùird a-mhàin airson ainm a thaghadh.
- Leis gun robh uireasbhaidhean nar modhan-obrach, 's dòcha gun gabhadh ris an dithis aca, ach dh'fheumadh aonan aca a bhith co-thaghte.
- Dh'fhaodamaid bhòt eile a chumail.

Art MacCarraig
Stiùiriche
Gearran 2007



Fèisean nan Gàidheal
Taigh a' Mhill
Port-Rìgh
An t-Eilean Sgitheanach
IV51 9BZ

Fòn 01478 613355
Facs 01478 613399
Post-d fios@feisean.org
www.feisean.org